

## Eachdraidh Nàiseanta 5



### Stiùireadh air tional prìomh fhianais airson tuairmsean a dhèanamh ann an seisean 2020–21

Tha an sgrìobhainn seo a' toirt stiùireadh aig ìre cuspair do dh'ionadan ceadaichte leis an SQA air tional prìomh fhianais gus taic a thoirt do thuairmsean airson Eachdraidh Nàiseanta 5 ann an seisean 2020–21. Bu chòir an stiùireadh seo a leughadh còmla ri [National Courses: guidance on gathering evidence and producing estimates](#) agus agus còmhla ris an stòras bho Acadamaidh SQA [Quality assurance of estimates for National Courses](#).

Tha an sgrìobhainn seo cuideachd a' toirt fiosrachadh air stòrasan measaidh aig ìre cuspair.

### A' tional prìomh fhianais gus tuairmsean a dhèanamh airson Eachdraidh Nàiseanta 5

Gach bliadhna, bidh thu a' dèanamh thuairmsean airson nan tagraichean agad. Bidh an sgrìobhainn seo agus *National Courses: guidance on gathering evidence and producing estimates* a' toirt taic is stiùireadh a bharrachd dhut gus taic a thoirt nuair a tha thu a' dèanamh cho-dhùnaidhean airson seisean 2020–21. Bu chòir fianais a chruinneachadh nas fhaide air adhart sa chùrsa, airson fìor dhealbh fhaighinn air coileanadh tagraiche. Tha e cudromach a thoirt fa-near nach e an **uiread** de dh'fhianais, ach **càileachd** na fianaise, a thaobh cho math 's a chuidicheas i le ro-innse, a bheir taic dhut tron phròiseas tuairmseachaidh.

Tha na seòrsaichean de phrìomh fhianais a leanas dualtach ro-innse math a dhèanamh agus dh'fhaodadh iad a bhith cuideachail, ged a dh'fhaodadh gum bi seòrsaichean eile de phrìomh fhianais ann a tha thu airson cleachdadh.

### Seòrsaichean de phrìomh fhianais agus stòrasan measaidh

#### Prìomh fhianais

Airson Eachdraidh Nàiseanta 5 ann an seisean 2020–21, chan fheum prìomh fhianais a thighinn ach bhon cho-phàirt pàipear nan ceistean; chan eil e riatanach gum bi tagraichean a' coileanadh obair shònraichte. Ach gabhaidh fianais sam bith a tha agad bho obair shònraichte a chleachdadh fhathast airson adhbharan measaidh.

Tha sùbailteachd ann a thaobh mar a thionailas tu fianais. Airson na co-phàirte pàipear nan ceistean, 's i an fhianais as treasa, a thaobh farsaingeachd, doimhneachd agus ìre de dhùbhlán, an fhianais sin a chaidh a dhèanamh tro bhith a' cleachdadh measadh a bha, cho fad 's a ghabhadh coileanadh, a' mac-samhlachadh pàipear nan ceistean SQA. Chan eil e riatanach gum bithear a' dèanamh seo aon uair a-mhàin, ach bu chòir gun tèid a dhèanamh fo aireachas agus smachd, far an gabh sin dèanamh.

Dh'fhaodadh fianais eile a tha co-cheangailte ris a' cho-phàirt paipear nan ceistean a bhith a' gabhail a-steach measaidhean nas giorra, nach fhacas ro-làimh agus a rinneadh ann an ùine iomchaidh, agus a tha air an coileanadh fo aireachas is smachd, far an gabh sin dèanamh. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh am measadh a bhith a' mac-samhlachadh dà roinne de phàipear nan ceistean, no dh'fhaodadh e tighinn bho dheuchainnean clas a tha a' dèiligeadh ri eòlas agus tuigse air susbaint bho cho-theacsa an dèidh a theagasg. Bu chòir cuimhneachadh gum bi measaidhean nas giorra dualtach a bhith a' toirt ìre nas lugha de dh'fharsaingeachd, doimhneachd agus dùbhlàn 's a gheibheadh ann am measadh iomlan, agus bu chòir seo a chumail an cuimhne ma tha measaidhean nas giorra air an co-mheasgachadh agus air an cleachdadh airson adhbharan tuairmse.

### **Stòrasan measaidh**

Tha na stòrasan measaidh a dh'fhaodas tu cleachdadh airson fianais tagraiche a chruthachadh a' gabhail a-steach:

- ◆ ceistean bho sheann phàipearan SQA agus bhon phàipear eisimpleir
- ◆ ceistean air am freagarrachadh bho sheann phàipearan SQA agus bhon phàipear eisimpleir
- ◆ ceistean a chaidh innleachdadh san ionad

Mar stòras measaidh a bharrachd airson seisean 2020–21, bidh pàipear cheistean, aig a bheil càileachd air a dearbhadh, airson Eachdraidh Nàiseanta 5 ri fhaotainn air an làrach-lìn thèarainte aig SQA.

Tha seann phàipearan cheistean SQA agus am pàipear eisimpleir san àrainn phoblaich agus gabhar cothrom orra le tagraichean. Mar sin, san fharsaingeachd, chan eil iad freagarrach mar ghnìomhan measaidh. Faodaidh tu, ge-tà, ceistean às-tharraing agus atharrachadh às na pàipearan seo airson cleachdadh ann an gnìomhan measaidh a chaidh innleachdadh san ionad.

### **Co-phàirt 1: pàipear cheistean**

Tha pàipear nan ceistean a' toirt cothrom do thagraichean a bhith a' nochdadh cleachdadh sgilean, agus farsaingeachd is doimhneachd eòlais agus tuigse, bho air feadh a' chùrsa. Ged a tha sinn a' moladh gum bi thu ag amas a bhith a' libhrigeadh a' chùrsa mar as àbhaist, tha sinn ag aithneachadh gum faod teagasg is ionnsachadh a bhith air am buaireadh rè an t-seisein 2020–21, agus mar sin dh'fhaodadh seo a bhith nas dùbhlanaiche. Tha thu saor gu bhith a' roghnachadh an timeachaidh agus doimhneachd libhrigidh airson susbaint a' chùrsa. Ach tha e cudromach gum bi fianais tagraiche airson tuairmsean a' samplachadh eòlas is tuigse bhon h-uile tè de na ceithir prìomh chùisean\*, anns gach pàirt, bho gach tè de na trì roinnean sa chùrsa:

- ◆ Sgrùdadh Eachdraidh: Albannach
- ◆ Sgrùdadh Eachdraidh: Breatannach
- ◆ Sgrùdadh Eachdraidh: Eòrpach agus an t-saoghal

\*Thoir fa-near, ann an co-rèir ri atharrachaidhean ri measadh a' chùrsa Eachdraidh Nàiseanta 5 a bha air am planadh mus deach na deuchainnean Nàiseanta 5 airson 2021 a

chur dheth, gum faod ceistean ann an Roinnean 2 agus 3 a bhith a' samplachadh Cùisean 1–4 no Cùisean 1–3, ma tha teagasg air a bhuaireadh.

Bu chòir gu bheil fianais tagraiche cuideachd a' taisbeanadh cleachdadh nan sgilean a tha riatanach sna seòrsaichean de cheistean a leanas:

- ◆ ceist eòlais (“Thoir cunntas”)
- ◆ ceist eòlais (“Minich”)
- ◆ ceist eòlais (aiste ghoirid, “Dè an ìre ...” no “Dè cho cudromach ...” no “Dè cho soirbheachail ...”)
- ◆ ceist air measadh stòir (“Dèan measadh air”)
- ◆ ceist air coimeas stòran (“Dèan coimeas air”)
- ◆ ceist air co-theacsachadh stòir (“Dè cho slàn”)

Tha an sònrachadh cùrsa a' toirt fiosrachadh nas mionaidiche air na sgilean, eòlas agus tuigse a tha co-cheangailte ri pàipear nan ceistean.

Tha na trì roinnean ann am pàipear nan ceistean airson Eachdraidh Nàiseanta 5 a' co-fhreagairt ris an fhiosrachadh gu h-ìosal. Ann an deuchainnean SQA, bidh na roinnean seo a' dol timcheall gach bliadhna air thuaiream.

#### **Roinn luach 29 comharran**

- ◆ 1 x ceist “Thoir cunntas”
- ◆ 1 x ceist “Minich”
- ◆ 1 x ceist ag iarraidh aiste ghoirid
- ◆ 1 x ceist coimeis (bidh a' cheist seo stèidhte air stòran a tha ag aontachadh)
- ◆ 1 x ceist co-theacsachaidh (bidh a' cheist seo a' tòiseachadh “Dè cho slàn 's a tha Stòr X a' toirt cunntas ...?”)

#### **Roinn luach 26 comharran**

- ◆ 1 x ceist “Minich”
- ◆ 1 x ceist ag iarraidh aiste ghoirid
- ◆ 1 x ceist “Dèan measadh” (bidh a' cheist seo stèidhte air prìomh-bhun)
- ◆ 1 x ceist co-theacsachaidh (bidh a' cheist seo a' tòiseachadh “Dè cho slàn 's a tha Stòr X a' toirt cunntas ...?”)

#### **Roinn luach 25 comharran**

- ◆ 1 x ceist “Thoir cunntas”
- ◆ 1 x ceist “Minich”
- ◆ 1 x ceist “Dèan measadh” (bidh a' cheist seo stèidhte air tùs dàrnach)
- ◆ 1 x ceist coimeis (bidh a' cheist seo stèidhte air stòran a tha ag easaontachadh)
- ◆ 1 x ceist co-theacsachaidh (bidh a' cheist seo a' tòiseachadh “Dè cho slàn 's a tha Stòr X a' mìneachadh ...?”)

## **Co-phairt 2: obair shònraichte**

Ann an co-rèir ris na h-atharrachaidhean air am planadh airson Eachdraidh Nàiseanta 5, chan eil riatanas ann airson tagraichean a bhith a' coileanadh obair shònraichte airson seisean 2020–21. Mar sin, chan fheumar beachdachadh air a' cho-phàirt seo nuair a thathar ag obrachadh a-mach rangachadh tuairmsichte deireannach airson gach tagraiche.

Tha sinn ag aithneachadh, ge-tà, gum faod feadhainn de na tagraichean a bhith air an obair shònraichte aca a choileanadh gu ìre no gu h-iomlan. Far a bheil seo air tachairt, faodaidh tu seo a chleachdadh mar fhianais thaiceil, maille ri prìomh fhianais eile, nuair a thathar a' dèanamh lèirmheas iomlanach air coileanadh tagraiche. Bidh tagraichean dualtach a bhith a' coileanadh nas fhèarr san obair shònraichte na ann am pàipear nan ceistean, agus bu chòir dhut seo a chumail an cuimhne nuair a tha thu a' dèanamh do thuairmsean.

Tha an sònrachadh cùrsa agus an gnìomh airson obair-chùrsa a mheasadh a' toirt fiosrachadh mionaideach air na sgilean, eòlas agus tuigse co-cheangailte ris an obair shònraichte.

## **A' cleachdadh stòrasan measaidh a bharrachd airson seisean 2020–21: fiosrachadh cudromach**

Tha e cudromach gun cleachd thu measadh dligheach agus earbsach nuair a thathar a' tionail fianais gus tuairmsean a dhèanamh airson Nàiseanta 5 ann an seisean 2020–21.

Airson Eachdraidh Nàiseanta 5, bidh SQA a' toirt pàipear cheistean airson seisean 2020–21, a ghabhas cleachdadh nuair a tha thu a' tionail fianais gus taic a thoirt do na tuairmsean agad. Bithear a' toirt pàipear nan ceistean seo mar stòras measaidh, agus cha bhi e riatanach a bhith ga chleachdadh.

Tha sùbailteachd ann a thaobh mar a chleachdas tu an stòras seo, mar eisimpleir:

mar mheasadh iomlan, air a dhèanamh fo aireachas is smachd, far an gabh seo dèanamh. Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, chan fheumar seo a dhèanamh aon uair a-mhàin ga roinn ann an earrannan agus ga chleachdadh mar mheasaidhean nas giorra gus measadh a dhèanamh air tagraichean aig àm freagarrach rè an ionnsachaidh. Bu chòir gun dèanar seo fo aireachas is smachd, far an gabh sin dèanamh, agus le timeachadh freagarrach

ga thoirt às a chèile agus ga chleachdadh mar a bhios a' co-fhreagairt as fhèarr ris an teagasg is ionnsachadh agad

Far nach deach agad air dèiligeadh ri raon susbainte air an dèanar measadh ann am pàipear nan ceistean, faodaidh tu, an àite na ceiste sin, ceist eile a chleachdadh a tha nas fhreagarraiche agus a tha coimeasach a thaobh dùbhlain.

Thoir fa-near nach deach an stiùireadh air comharrachadh a thoirt gu bun-tomhas stèidhte air freagairtean thagraichean. Mar sin, dh'fhaodadh gum feum thu aontachadh taobh a-staigh an ionaid agad ciamar a chomharraichear nì gu cunbhalach far nach eil an stiùireadh air comharrachadh a' dèiligeadh ri freagairt tagraiche.

Bu chòir dhut beachdachadh gu cùramach air ciamar a chleachdar na stuthan seo san dòigh as fhèarr gus taic a thoirt do thagraichean, gus an amalachadh taobh a-staigh a' phrògraim-ionnsachaidh agad, agus gus do chuideachadh gus fianais air coileanadh thagraichean a thional. Mar thoradh air comhairle làthaireach air slàinte a' phobaill, agus gus a' chuid as fhèarr a dhèanamh de dh'ùine ionnsachaidh is teagaisg, tha e cudromach cuideam a chur air a' phuing nach eilear an dùil gum bi sgoiltean is colaistean a' cur air dòigh tràth tùs-dheuchainnean foirmeil airson Nàiseanta 5. B' e aon de na prìomh adhbharan airson gluasad do mhodail eile a bhith a' cruthachadh ùine teagaisg a bharrachd tro bhith a' cur às don fheumalachd airson tùs-dheuchainnean agus a' cur an gnìomh measadh nas sùbailte a tha stèidhte sa chlasrum an àite air an tràth dheuchainnean deireannach.

Bidh pàipear nan ceistean agus stiùireadh air comharrachadh airson Nàiseanta 5 rim faotainn a-mhàin air làrach-lìn thèarainte an SQA — feumaidh tu an làimhseachadh mar stuth a tha fo rùn, san aon dòigh 's a bhios tu a' làimhseachadh stuthan measaidh beò eile. Ma tha thu a' cleachdadh pàipear nan ceistean gu ìre no gu h-iomlan, bu chòir dhut cur an cuimhne do thagraichean nach fhaod iad còmhradh air susbaint a' phàipeir ri duine sam bith, a' gabhail a-steach caraidean is càirdean no air na meadhanan sòisealta.

### **A' tuigsinn na h-inbhe nàiseanta**

Bidh an earrann 'Fiosrachadh agus stiùireadh' sa [chunntas as ùr cuspaireil air Eachdraidh 2019](#) airson Eachdraidh Nàiseanta 5 ga chur an gnìomh airson seisean 2021–22 (agus chan ann airson 2020–21, mar a chaidh fhoillseachadh).

Airson na co-phàirte pàipear nan ceistean, b' iad na h-atharrachaidhean air am planadh mar a leanas:

Freagairtean thagraichean ri ceistean ann an Earrann 1 — Bu chòir gu bheil co-theacsaichean Albannach a' gabhail a-steach eòlas sònraichte air eachdraidh na h-Alba (air am faighear mion-fhiosrachadh ann an sònrachadh a' chùrsa). Faodaidh eòlas dligheach air eachdraidh na h-Alba a bhith a' gabhail a-steach eisimpleirean sònraichte ionadail no nàiseanta agus/no eisimpleirean aig a bheil ceangal soilleir ris a' cho-theacsa Albannach.

Airson na ceiste co-theacsachaidh a bhios a' tòiseachadh *Dè cho slàn 's a tha Stòr X a' mìneachadh nan adhbharan carson ...*, bu chòir do dh'ionadan a bhith ag ullachadh thagraichean a bhith a' mìneachadh adhbharan bhon stòr agus a bhith a' toirt adhbharan agus/no mìneachaidhean mar ath-chuimhneachadh. Bidh a' cheist seo a' nochdadh ann an aon de na trì co-theacsaichean eachdraidheil.

Airson na ceiste co-theacsachaidh a bhios a' tòiseachadh *Dè cho slàn 's a tha Stòr X a' toirt cunntas ...*, bu chòir do thagraichean a bhith a' mìneachadh *firinn na cùise* bhon stòr agus *firinnean* a thoirt seachad mar ath-chuimhneachadh. Bidh a' cheist seo a' nochdadh ann an dà de na trì co-theacsaichean eachdraidheil.

Tha a' chomhairle gu h-àrd mar dheagh chleachdadh, ge-tà, agus bidh seo a' socrachadh altachadh le Eachdraidh Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach. Mar sin, airson seisean 2020–21, airson na ceiste "Dè cho slàn", faodaidh tu suas ri 3 comharran a bhuileachadh far a bheil tagraichean a' sònrachadh agus/no a' mìneachadh phuingean bhon stòr a tha a' toirt taic don cho-dhùnadh aca.

## **Eisimpleirean den inbhe nàiseanta**

Gheibhear eisimpleirean de dh'fhianais tagraiche, còmhla ri beachdan orra, air làrach-lìn an SQA [Understanding Standards](#). Bithear ag ath-ùrachadh nan eisimpleirean làthaireach de dh'fhianais tagraiche, còmhla ri beachdan orra, bhon tràth dheuchainnean 2018. Agus bithear a' cur ris an duilleig-lìn airson Eachdraidh Nàiseanta 5, an ceann sreath, eisimpleirean de dh'fhianais tagraiche, còmhla ri beachdan orra, bhon tràth dheuchainnean 2019.

Bithear a' foillseachadh stuthan bhon oideachadh-lìn (*webinar*) air Eachdraidh Nàiseanta 5 cuideachd. Gheibhear cothrom orra sin tron taba "Understanding Standards" air an [duilleig cuspair Eachdraidh Nàiseanta 5](#).

Tha eisimpleirean de dh'obraichean sònraichte a rinneadh le tagraichean, còmhla ri beachdan orra, rim faotainn air an làrach-lìn SQA Understanding Standards.

Dh'fhaodadh gum bi na h-aithrisean cùrsa bliadhna, a thathar a' foillseachadh air an [duilleig cuspair Eachdraidh Nàiseanta 5](#), feumail dhut cuideachd.

## **Geàrr-chunntas**

Bu chòir dhut na tuairmsean agad airson Eachdraidh Nàiseanta 5 a stèidheachadh air lèirmheas iomlanach air coileanadh an tagraiche, stèidhte air buileachadh dearbhte:

den eòlas agus tuigse aca bho na trì raointean sgrùdaidh a tha sa chùrsa Eachdraidh Nàiseanta 5: Albannach, Breatannach, agus Eòrpach agus an t-saoghal de chleachdadh nan sgilean riatanach anns gach tè de na sia diofar sheòrsaichean de cheistean air an liostadh gu h-àrd

Ma tha fianais tagraiche agad airson na co-phàirt obair shònraichte, dh'fhaodadh tu cuideachd beachdachadh air seo nuair a tha thu a' tighinn gu co-dhùnadh air tuairmse airson gach tagraiche.